

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CO-OBACHADH LE COMANN-BHÌOBALL NA H-ALBA AIR SOISGEUL EÒIN

13 An Dàmhair 2010

Chuir Bòrd na Gàidhlig fàilte an diugh air foillseachadh ùr ann an Gàidhlig de Shoisgeul Eòin, a' chiad leabhar a tha a' nochdadh de dh'iris ùr dhen Tiomnadh Nuadh.

Tha am Bòrd air £10,000 a chur ri cosgaisean eadar-theangachaidh an t-Soisgeul , a' co-obrachadh le Comann-Bhìoball na h-Alba. Bidh an t-eadar-theangachadh ùr na fheum mhòr ann a bhith a' toirt briathrachas an t-Soisgeul gu aire an t-sluaigh ann an cànan àbhaisteach an latha an diugh. Thèid fhoillseachadh gu foirmeil aig a' Mhòd Rìoghail Nàiseanta ann an Gallaibh an diugh (Diciadain, Dàmhair 13).

Tha an t-eadar-theangachadh stèidhichte air a bhun-Ghreugais agus chaidh a dheasachadh an dèidh iarrtas nochdadh airson a leithid ann an Gàidhlig an latha an diugh. Rè ùine, tha an diofar eadar briathrachas ris an canar sa chumantas “Gàidhlig a' Bhìobaill” agus a chànan àbhaisteach, làitheil air fuasgladh gu mòr, agus gu h-àraidh a-measg òigridh. Thuirt an t-sàr sgoilear Dòmhnall Meek, a th'air a bhith an sàs ann an grunn phròiseactan dhen t-seòrsa seo: “Tha e gu math follaiseach gu bheil a' ghinealach ùr agus an fheadhainn as òige a nis gu math fad bho bhith a' tuigsinn briathrachas a' Bhìobaill ann an Gàidhlig mar a bha e. Tha sin nas follaisiche an diugh na bha e riamh.”

Tha an t-eadar-theangachadh seo mar chuibhreann ùr de shreath obrach a chaidh a dhèanamh air an t-Soisgeil ann an Gàidhlig, a' dol air ais cho fada ri 250 bliadhna, nuair a bha leithid an t-Urr Seumas Stiùbhart an sàs anns a' ghnothach. Bidh e ri cheannach bho Chomann Bhìoball na h-Alba bhon 5mh dhen ath mhìos, ach tha 200 iris dheth gan sgaoileadh aig a' Mhòd an t-seachdain seo. Tha bileagan rim faighinn cuideachd ma tha neach sam bith airson grunn a cheannach tro òrdan.

Thuirt Cailean Hay, Stiùiriche Phrògraman Comann-Bhìoball na h-Alba: “Tha an t-eadar-theangachadh ùr a' leantainn gu dìleas ris a' bhun-Ghreugais agus ga phòsadh ri briathrachas an latha an diugh ann an dòigh a tha soilleir agus uasal. 'S e seo a' chiad phàirt dhen Tiomnadh Nuadh agus thathas ga fhoillseachadh aig àm a tha gu math cudromach dhan Ghàidhlig le cothroman às-ùr a' nochdadh dhuinn uile. Bidh e air leth feumail do

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



dhaoine a tha ris a' Bhìoball leotha fhèin agus cuideachd na ghoireas air leth ann an saoghal an fhoghlaim agus do luchd-ionnsachaidh.”

Thuir Anna NicSuain, a tha na ball de Bhòrd na Gàidhlig: “Tha am Bòrd air leth toilichte a bhith a’ co-obrachadh le Comann-Bhìoball na h-Alba gus Soisgeul Eòin fhoillseachadh ann an Gàidhlig an latha an-diugh. Tha e na thoileachas mòr dhòmhsa gu pearsanta gum bi e comasach an earrann seo den Sgrìobtair a leughadh sa chànan a thathar a’ cleachdadh gu nàdarra nar latha. Ged a tha a’ Ghàidhlig a’ crìonadh nar n-eaglaisean air fad, bhiodh e math nam biodh an tachartas seo na adhbhar brosnachaidh gus an suidheachadh sin a leasachadh agus gun gluaiseadh e daoine gu bhith ag obair còmhla gus an dualchas Chrìosdail phrìseil againn a dhìon is a chraobh-sgaoileadh.

Thathas a’ foillseachadh Soisgeul Eòin ann am meud A6 a tha air leth goireasach dhan phòcaid no бага-làimhe; aig 108 duilleag tha liostaichean fhaclan ann agus ro-ràdh. Chan eil e cosg ach 95 sgillinn.


Son barrachd fiosrachaidh faic: www.scottishbiblesociety.org

Neo: Iain Aonghas MacAoidh: 07500 089 661

Bòrd na Gàidhlig: www.bord-na-gaidhlig.com Agus: www.mygaelic.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES PUBLICATION OF MODERN VERSION OF THE GOSPEL OF ST JOHN

13 October 2010

Bòrd na Gàidhlig has welcomed publication by the Scottish Bible Society of the modern Gaelic translation of the Gospel of St John, the first book of the forthcoming New Testament.

The Bòrd has made a £10,000 contribution towards the production costs of the major piece of translation which will make the words of the Gospel more accessible to modern Gaelic audiences. It will be formally launched at the Royal National Mod in Caithness today (Wednesday, October 13).

The new translation from Greek to modern Gaelic has been produced in order to meet a demand for an updated version of the New Testament. Over time, the difference between what has been commonly referred to as “Bible Gaelic” and the modern equivalent spoken generally has become more marked, especially among younger people. The eminent Gaelic scholar Professor Donald Meek has worked on a number of projects which are aimed at addressing the issue. He said: “The younger generation in particular have become less familiar with traditional versions of the Bible in Gaelic than their forebears were. This is more apparent now than it ever was.”

This new work follows in a long line of updated versions of the Gospel in Gaelic, some of which go back some 250 years to the work of Rev James Stuart. It will be on sale from November 5 and 200 copies have been made available for distribution to those interested at the Mod. Order forms for further copies are also being made available.

Colin Hay, Director of Programmes at the Scottish Bible Society said: “The new version of the Gospel of St John combines faithfulness to the Greek original with vocabulary which is in modern use, and clarity with dignity. This publication – the first part of a proposed complete New Testament – comes at a time of great opportunity in the development of Gaelic. It is ideal for private Bible study and for use in education. It will also be helpful to those learning the language.”

Bòrd na Gàidhlig board member Annie MacSween added: “Bòrd na Gàidhlig is very pleased to have co-operated with the Scottish Bible Society in the production of the Gospel of John in today’s Gaelic. I am personally delighted that this portion of the Scriptures has been made available in today’s vernacular Gaelic. I am very sure that this event will be a catalyst

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



that will make a major difference to the appreciation of the Gospel by young people in particular and will encourage everyone to work together to preserve and promote our priceless Christian heritage.”

The Gospel has been produced in a handy A6 size for pocket or handbag; the 108 pages include a foreword and glossary of key terms and names. It costs just 95 pence.

For further information please contact: www.scottishbiblesociety.org
Or John Angus MacKay: 07500 089 661

Bòrd na Gàidhlig website: www.bord-na-gaidhlig.com
See also: www.mygaelic.com